



Tha tòrr cothroman ann do dh'oileanaich a tha a' dèanamh Gàidhlig agus cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig san sgoil. Faodar a' Ghàidhlig agus cuspairean co-cheangailte a sgrùdadh aig Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Ghlaschu, a bharrachd air UHI an seo fhèin sa Ghàidhealtachd. Tha iarrtas airson luchd-obrach a tha litearra sa Ghàidhlig a' sior fhàs ann an raon dhreuchdan. Am measg nan dreuchdan sin, tha:

### Na Meadhanan

Teagasg & Cùram-chloinne

Obair Ùghdarrais Ionadail & Riaghaltais

Leasachadh Gàidhlig & Coimhearsnachd

Ceòl

Tha sgoilearan FTG, às Inbhir Nis, air a dhol air adhart agus air soirbheachadh ann an raon dhreuchdan eadar-dhealaichte agus iomraiteach.



## Ceanglaichean



[www.gaidhlig.org.uk/](http://www.gaidhlig.org.uk/)  
[www.storlann.co.uk/](http://www.storlann.co.uk/)  
[www.cnag.org.uk/](http://www.cnag.org.uk/)  
[www.parant.org.uk/](http://www.parant.org.uk/)  
[www.bbc.co.uk/alba/](http://www.bbc.co.uk/alba/)

Gheibh sibh barrachd fiosrachadh air Roinn na Gàidhlig air:  
<https://gaidhliginbhirnis.wordpress.com/>



Roinn na Gàidhlig

Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

Rathad Chulduthel

Inbhir Nis IV2 6RE

01746 222 884

[www.invernessroyalacademy.org.uk](http://www.invernessroyalacademy.org.uk)

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig @

Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

FIOSRACHADH



# GÀIDHLIG SAN ÀRD-SGOIL

Thathar a' brosnachadh sgoilearan a tha air a dhol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil gus leantainn air adhart le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis. Tha seo a' toirt cothrom do sgoilearan a bhith fhathast air am bogadh sa Ghàidhlig ann an cuid de chla-saichean, agus leantainn air adhart a' leasachadh an sgilean litearra sa Ghàidhlig. 'S e cothrom air leth a tha seo do sgoilearan a bhruidhneas a' Ghàidhlig.



## Gàidhlig

Nuair a thig sgoilearan dhan àrd-sgoil, bidh iad a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair sònraichte. Ann an Gàidhlig thathar ag amas air na ceithir sgilean cànan a leasachadh (labhairt, èisteachd, sgrìobhadh agus leughadh) tro ghrunn chleasan. Tha cùrsaichean S1-S6 air an dealbh do sgoilearan a tha air ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig roimhe agus a tha nan luchd-labhairt fileanta. Faodaidh sgoilearan Gàidhlig a dhèanamh bho S1 suas gu Sàr Àrd Ìre ann an S6.

### Cuspairean tro Mheadhan na Gàidhlig

A bharrachd air Gàidhlig, faodaidh sgoilearan leantainn air adhart le cuspairean eile sa Ghàidhlig. Bidh sgoilearan a' dèanamh **an aon** churraicealam ri sgoilearan ann an clasaichean tro mheadhan na Beurla, ach bidh na leasain air an libhrigeadh sa Ghàidhlig.

Tha iomadh buannachd an lùib foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach 's e aon de na rudan as cudromaiche gu bheil e a' toirt cothrom do sgoilearan na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh taobh a-muigh a' chlas Gàidhlig. 'S e an t-amas gum bi na sgoilearan a cheart cho misneachail sa Ghàidhlig 's a tha iad sa Bheurla agus gum bi comas aca an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh is a chleachdadh ann an raon cho-theacsaichean eadar-dhealaichte.

Thathar an-dràsta a' tabhann nan cuspairean a leanas tro mheadhan na Gàidhlig ann an Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis:

#### **ASI-2**

Cruinn-Eòlas

Eachdraidh

Nuadh-Eòlas

Creideamh agus Moraltachd

Foghlam Pearsanta agus Sòisealta

#### **AS3-S4**

Cruinn-Eòlas

Eachdraidh

Nuadh-Eòlas



## Cothrom leis a' Ghàidhlig



Tha iomadh cothrom aig sgoilearan FTG gus an cuid sgilean a leasachadh, ann an co-theacsaichean eadar-dhealaichte, an dà chuid taobh a-muigh agus taobh a-staigh na sgoile. Tha na cleasan seo a' cuideachadh sgoilearan gus an cuid Gàidhlig a thoirt air adhart ach tha iad cuideachd a' toirt cothrom dhaibh sgilean a thogail a bhios feumail dhaibh nan inbhich agus nan dreuchdan. Tha Roinn na Gàidhlig a' brosnachadh sgoilearan uile gus com-pàirt a ghabhail ann an cleasan taobh a-muigh na sgoile.

Am measg nan cothroman a bh' ann o chionn ghoirid, tha:

**Am Mòd Ionadail & Nàiseanta.** Faodaidh oileanaich com-pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean sgrìobhaidh, labhairt, aithris agus ciùil. [www.acgmod.org](http://www.acgmod.org)

**Co-Fharpais ChLAS.** Bidh Comann Luchd-teagaisg na Gàidhlig a' cumail cho-fharpaisean sgrìobhaidh do sgoilearan S1 & 2.

**FilmG** Bidh sgoilearan a' cruthachadh fiolm goirid agus ga chur a-steach gu co-fharpais nàiseanta FilmG. [www.filmg.co.uk/](http://www.filmg.co.uk/)

**Deasbad Nàiseanta BT.** Bidh na sgoilearan as sine a' gabhail com-pàirt ann an deasbad Gàidhlig nàiseanta, an aghaidh sgoiltean eile air feadh na h-Alba. [www.deasbadbtalba.com/](http://www.deasbadbtalba.com/)

**Duais Iain Muir.** Bidh Comunn na Gàidhlig a' toirt taic do na sgoilearan FTG againn le bhith a' cur Duais Iain Muir air dòigh tro mheadhan na Gàidhlig. Bha na sgoilearan againn am measg a' chuid fhèadhainn a ghabh com-pàirt san duais tro mheadhan na Gàidhlig. [www.cnag.org.uk/](http://www.cnag.org.uk/)

